

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodny.macleam@bbc.co.uk **

An t-seachdain sa chaidh, chuir mi ceist oirbh: dè a’ Ghàidhlig a th’ air *perennial plant*, an seòrsa a bhios beò fad grunn bhliadhnaichean neo iomadh bliadhna. Uill, dh’fhaodadh tu ràdh *lus bith-bheò* ris. Tha *bith-bheò* na bhuidhe air a’ ciallachadh beò airson ùine mhòir neo beò gu sìorraidh. Uill, chan eil rud sam bith beò gu sìorraidh. Ach tha lusan bith-bheò beò airson ùine mhòir.

Nuair a bha mi a’ fuireach ann an Astràilia bha mi gu math measail air lus beag a tha a’ fàs gu h-àrd anns na beanntan. Tha flùr air a tha uabhasach snog. Tha e buidhe agus, leis gu bheil e tioram mar phàipear, tha e a’ maireachdainn airson ùine mhòir mhòir fiù ’s nuair a tha e air a spionadh.

Canaidh daoine, ann am Beurla, *everlasting daisy* ris. Agus dè a’ Ghàidhlig a chuireamaid air? Uill, ’s i a’ Ghàidhlig air *daisy – neòinean*. Agus dè a’ Ghàidhlig airson *everlasting*? Uill, chanainn gun deanadh dà fhacal a’ chùis – *sìorraidh*, neo *bith-bhuan*. Dh’fhaodadh gur i a’ Ghàidhlig as fheàrr air a lus – *neòinean bith-bhuan*.

Canaidh sinn *buan* ri rudan a bhios a’ seasamh airson ùine mhòir. Chanadh na seann daoine air a’ Ghàidhealtachd *cruaidh mar an fhraoch is buan mar a’ ghiuthas*. Uaireannan, cluinnidh sibh an dà fhacal, *sìorraidh* agus *buan*, còmhla. Mar eisimpleir, nuair a tha thu a’ ciallachadh *for ever and ever*, dh’fhaodadh tu ràdh *gu sìorraidh buan*.

Chan eil flùraichean nan neòineanan Albannach bith-bhuan, ged a tha na lusan fhèin bith-bheò. Agus tha an t-ainm air an lus ann an Laidinn ag innse gu bheil an lus bith-bheò. ’S e *Bellis perennis* a th’ air; tha sin a’ ciallachadh *bòidhchead bhith-bheò*. Ainm snog, nach e?

Tha na h-ainmean airson an luis seo, ann am Beurla agus Gàidhlig, gu math inntinneach cuideachd. Tha *daisy* a’ tighinn bho *day’s eye*; tha mi a’ deanamh dheth gur e is coireach airson sin gu bheil am flùr a’ fosgladh anns a’ mhadainn agus a’ dùnadh aig ciaradh an fheasgair, agus gu bheil e car coltach ri sùil. Ann an Gàidhlig tha an t-ainm neòinean co-cheangailte ris an t-seann fhacal Gàidhlig *nòin* a tha a’ ciallachadh meadhan-latha neo *noon* ann am Beurla. An neòinean – *the noon flower*.

Ach ann an Eirinn tha *nòin* a’ ciallachadh *feasgar*. Agus canaidh muinntir na h-Eireann *tráthnóna* – àm an fheasgair – far an canamaid fhèin feasgar.

Ach nach eil e car annasach gu bheil nòin a' ciallachadh feasgar ann an Eirinn agus meadhan-latha an seo? Uill, tha e coltach gur iad na h-Eireannaich a tha nas fhaisg' air an t-seann chiall. Thàinig nòin bhon fhacal Laidinn *nona* a tha a' ciallachadh an naoidheamh uair. Sin an naoidheamh uair air an uaireadair bho thoiseach an latha. Agus, anns an t-seann aimsir, bha an naoidheamh uair dhen latha aig trì uairean feasgair.

Ach mus fhàg sinn nòin, dè a' Ghàidhlig a th' air *solar eclipse*? Bha a leithid againn an-uiridh, agus 's e *dubhadh na grèine* a bha daoine ag ràdh. Ach, o shean, bha facal eile ann – *nòin-dhorchadh* – *the noon-darkening*. Chan eil an dorchadh ann fada don chuid as motha de dhaoine. Ach tha do aon bhuidheann – an fheadhainn a th' air an dèanamh dall le bhith a' coimhead air a' ghrèin. Dhaibhsan, gu mi-fhortanach, tha an nòin-dhorchadh bith-bhuan.

* * *

Faclan na seachdaine: lus bith-bheò: *perennial plant*; neòinean: *daisy*; neòinean bith-bhuan: *everlasting daisy*; buan: *lasting, durable*; dubhadh na grèine, nòin-dhorchadh: *solar eclipse*.

Abairtean na seachdaine: fad grunn bhliadhnaichean neo iomadh bliadhna: *over several years or many years*; tha bith-bheò na bhuadhair: *bith-bheò is an adjective*; tha e a' maireachdainn airson ùine mhòir mhòir fiù 's nuair a tha e air a spionadh: *it lasts for a long long time even when it is picked*; dè a' Ghàidhlig a chuireamaid air?: *what would we call it in Gaelic (lit. what is the Gaelic we would put on it)?*; gu sìorraidh buan: *forever and ever*; tha mi a' deanamh dheth gur e is coireach airson sin gu bheil am flùr a' fosgladh anns a' mhadainn...: *I reckon that it is that the flower opens in the morning that is responsible...*; gu bheil X a' dùnadh aig ciaradh an fheasgair: *that X closes at dusk*; gur iad na h-Eireannaich a tha nas fhaisg' air an t-seann chiall: *that it is the Irish who are closer to the old meaning*; an naoidheamh uair air an uaireadair bho thoiseach an latha: *the ninth hour on the watch from the beginning of the day*; anns an t-seann aimsir, bha an naoidheamh uair dhen latha aig trì uairean feasgair: *in olden times, the ninth hour of the day was at 3 pm*; an fheadhainn a th' air an dèanamh dall le bhith a' coimhead air a' ghrèin: *the ones who are made blind by looking at the sun*; Dhaibhsan, gu mi-fhortanach, tha an nòin-dhorchadh bith-bhuan: *for them, unfortunately, the darkening of the noon is everlasting*.

Puing ghràmair na seachdaine: *You may think the word sìorraidh (eternal, everlasting) is entirely new to you, but it probably isn't, because in all likelihood you will have already met a related word sìor which means continual or perpetual. It can precede a noun or a vowel (in which case it lenites a lenitable consonant) eg tha e a' sìor dhol am meud (it is continually getting bigger); tha i a' sìor amharc air (she is perpetually staring at him). Tha e sìor-iarraidheach (he is always asking for things). And sìor-bhuan means the same as bith-bhuan, ie eternal, everlasting. Another word with the same meaning is sìor-mhaireannach. The noun, sìorraidheachd, is a good word for eternity or immortality. Remember that in all these words the first "i" is a long one. Sìorraidh (SHEE-uh-ree) should not be confused with the word sìorraidh (SHIR-ee) which is used for "sheriff" in some dialects; the "i" in the latter is short.*

Sean-fhacal na seachdaine: Cruaidh mar an fhraoch is buan mar a' ghiuthas: *hard as the heather, lasting as the pine*.

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig